

2640/405

TEISTEANAS
NÀISEANTA
2011

DIMÀIRT 10 AN CÈITEAN
10.20 M – 11.50 M

NUADH EÒLAS
AN ÌRE CHOITCHEANN
MEADHAN ÌRE

- 1 Leugh gach ceist gu faiceallach.
- 2 Freagair gach ceist cho h-iomlan sa 's urrainn dhut.
- 3 Mura h-urrainn dhut ceist a fhreagairt, theid air adhart chun an ath cheist agus till thuige a-rithist.
- 4 Ann an ceist 3, freagair **aon** earrann a-mhàin; earrann A air na SA, **no** earrann B air Siona.
- 5 Sgrìobh do fhreagairt san leabhar a chaidh a thoirt dhut. Seall, gu soilleir, air taobh clì na duilleige, an earrann agus a' cheist a tha thu a' freagairt. Na sgrìobh idir air oir dheis na duilleige.



EARRANN 1—A' FUIREACH ANN AN DEAMOCRASaidH

CEIST 1

(a)



Bidh luchd tagraidh poileataigs agus an luchd-taic a' dèanamh iomairt ann an iomadh dòigh ron taghadh.

Minich **dà** dhòigh anns am bidh luchd tagraidh poileataigs agus an luchd-taic a' dèanamh iomairt ann an iomadh dòigh **ron** taghadh.

Airson a' cheist seo a fhreagairt, faodaidh tu am fiosrachadh san dealbh gu h-àrd a chleachdadh.


(Eòlas & Tuigse, 4 comharra)

CEIST 1 (A' LEANTAINN)

(b) Thoir sùil **mhionaideach** air Stòr 1 agus 2 gu h-ìosal, agus, freagair na ceistean a leanas.

Stòr 1

Beachd Sluaigh – Dè an aois aig am bu chòir do dh'Albannaich ceud bhòtaidh fhaighinn.



Stòr 2

Aois Bhòtaidh agus Àireamh Bhòtaidh

Dùthaich	Aois as òige le ceud bhòtaidh	Àireamh Bhòtaidh
An Ostair	16	79%
Brasail	16	83%
Canada	18	60%
An RA	18	61%
Na SA	18	57%

Sgrìobh **dà** cho-dhùnadh mu aois bhòtaidh.

Dèan **aon** cho-dhùnadh, **le fianais**, mu **gach** rud a leanas.

- An aois aig am bu chòir do dh'Albannaich ceud bhòtaidh fhaighinn, à rèir a mhòr-chuid.
- An ceangal eadar Aois Bhòtaidh as Ìsle agus Àireamh Bhòtaidh.

Feumaidh do fhreagairt, a bhi stèidhichte gu tur air na stòran gu h-àrd.

(Sgilean Rannsachaidh, **4** comharra)

CEIST 1 (A' LEANTAINN)

(c) *Tha an dà chuid còirichean agus dleandanasan aig buill nan Aonadh Ciùird.*



Minich, **aon** chòir agus **aon** dhleasdanas a tha aig buill nan Aonadh Ciùird.


Airson a' cheist seo a fhreagairt, faodaidh tu am fiosrachadh san dealbh gu h-àrd a chleachdadh.

(Eòlas & Tuigse, 4 comharra)

CEIST 1 (A' LEANTAINN)

(d) Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1 agus 2 gu h-ìosal, agus freagair na ceistean a leanas.

STÒR 1



STÒR 2

Aimhreit mu Chosgaisean Bhuill Pàrlamaid

Tha BhP a' faighinn tuarastal, ach faodaidh iad cuideachd iarrrtas a chur a-steach airson airgead fhaighinn air ais, mu choinneamh chosgaisean a thàinig orra ri linn an obair. Mar eisimpleir, ann an 2009, b'urrainn dhaibh £24,000 fhaighinn airson gum biodh e comasach dhaibh fuireach ann an Lunnainn. B'urrainn dhaibh cuideachd £100,000 fhaighinn airson luchd-obrach oifis a phàigheadh.

Ann an 2009, dh'fhoillsich am pàipear naidheachd, An Daily Telegraph, sgeulachd mu chosgaisean nam BhP. Am measg rudan eile, dh'innis am pàipear naidheachd gun robh dithis a bha nam BhP, air na riaghailtean a bhriseadh le bhi ag iarraidh cosgaisean airson taighean nach robh leotha tuileadh.

A dh'aindeoin seo, sheall a' mhòr-chuid de BhP gun robh e cudromach dhaibh na cosgaisean fhaighinn airson an cuid obrach a dhèanamh.

Air a ràdh le Chloe Carstairs

- Tha tuarastal BhP air a dhol suas gach bliadhna.
- Tha ceadachd do BhP cosgaisean iarraidh airson luchd-obrach a phàigheadh.
- Tha tuarastal BhP glè choltach ri tuarastal gnàthach san RA.
- Chaidh a dhearbhadh gu robh gach iarrrtas bho BhP a' leanntainn nan riaghailtean.

A' cleachdadh Stòran 1 agus 2 gu h-àrd, **a-mhàin**, sgrìobh **dà** rud a thuirtear Chloe Carstairs, a tha **a' cur ris an fhìrinn**.

A' cleachdadh am fiosrachadh anns na Stòran, bheir seachad **dà** adhbhar carson a tha **gach** aon de na briathran a thagh thu **a' cur ris an fhìrinn**.

(Sgilean Rannsachaidh, 4 comharra)

EARRANN 2—COMANN – SÒISEALTA AG ATHARRACHADH

CEIST 2

- (a) *Tha mòran fheumlachdan aig daoine a tha gun obair sa RA.*

Minich, **dà** fheumlachd a tha aig daoine a tha gun obair sa RA.

(Eòlas & Tuigse, 4 comharra)

- (b) Thoir sùil mhionaideach air am fiosrachadh gu h-ìosal mu Bill Laird agus am plana de Craigloch air *Duilleag Seachd*, agus, freagair a' cheist a leanas.

Fiosrachadh mu Bill Laird agus fheumlachdan

Tha Bill 80 bliadhna a dh'aois, agus tha e a' fuireach leis fhèin ann an taigh mòr ann am baile Craigloch. Tha e airson gluasad gu taigh nas lugha.


Tha tòrr **fheumlachdan** aig Bill a tha cudromach dha.

- Feumaidh e a dhol gu Oifis a' Phuist a thogail a' pheinsean agus a ghnòthaichean a phàigheadh.
- A thaobh's gun do dh'fhuiling e greim cridhe o chionn ghoirid, feumaidh Bill tadhal air Nurs Coimhearsnachd.
- Feumaidh e a bhi a' faireachdainn sàbhailte na dhachaigh fhèin. As dèidh do chuideiginn briseadh a-steach dhan taigh aige, tha eagal air gun tachair an aon rud a-rithist.
- Tha caraidean aig Bill a rinn e na làithean obrach agus tha e feumach air cothroman fhaighinn am faicinn a-rithist. Chòrdadh e ris nam biodh e comasach dha a dhol a-mach a dh'àite faisg air làimh a ghabhail greim-bidhe còmhla riutha bho àm gu àm.

CEIST 2 (b) (A' LEANTAINN)

Tha Bill air sùil a thoirt air an dà thaigh a tha a' nochdadh sa phlana gu h-ìosal, ach chan eil e idir cinnteach an e **far a bheil Taigh A** no **Taigh B** a b' fhèarr a choileanadh na feumalachdan aige.

PLANA DE CRAIGLOCH



A' cleachdadh am fiosrachadh sa phlana gu h-àrd, **a-mhàin**, tagh dè an taigh, **Taigh A** no **Taigh B** a **b'fhèarr** a fhreagarradh air Bill Laird airson **na feumalachdan aige a choileanadh**.

Feumaidh tu ceanagal a dhèanamh eadar am fiosrachadh mu Bill Laird agus an taigh a thagh thu.

Thoir seachad **dà** adhbhar airson **taic** a chur ris an roghainn agad.

(Sgoilean Rannsachaidh, **4** comharra)

[Tionndaidh an duilleag

CEIST 2 (A' LEANTAINN)

(c) *Tha an Riaghaltas a' tabhann cuideachadh do theaghlaichean.*

Cuideachadh Riaghaltais do Theaghlaichean (2010)



	A	B	C
1	Buidhead Miosal Teaghlach		
2			
3	A-steadh	A-Mach	
4			
5	Paigh - £800	Connadh - £160	
6	Sochair chloinne - £80	Mòr-bhùth - £400	
7	Sochair Chisean - £60	Fon/barn-leitheunn - £30	
8			
9			
10			
11			

Innis **dà** dhòigh anns a bheil an Riaghaltas a' tabhann cuideachadh do theaghlaichean. Tagh **aon** de na **dòighean** agus mìnich carson a tha an Riaghaltas a' toirt seachad an cuideachadh seo.

Airson a' cheist seo a fhreagairt, faodaidh tu na dealbhan gu h-àrd a chleachdadh.

(Eòlas & Tuigse, 4 comharra)

CEIST 2 (A' LEANTAINN)

- (d) Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1 agus 2 gu h-ìosal, agus freagair na ceistean a leanas.

STÒR 1

Pàigheadh Ìosal agus Buidhnean

'S iad na daoine geala am buidheann cinnidheach as motha a th'anns an RA. Tha mòran eadar-dhealachas ann a thaobh pàigheadh am measg gach creud. Mar eisimpleir, tha còrr agus leth de na daoine bho choimhearsnachdan Banglaideiseach agus Pacastanach ann an obraichean le pàigheadh ìosal. Tha an àireamh de dhaoine air tuarastal ìosal bho theaghlach Innseachan aig 28%. Airson daoine geala, tha an àireamh seo aig 20%; airson daoine dubha Afraganach, tha e aig 46% agus airson daoine dubha às a' Charibbean tha e aig 30%.

STÒR 2

Cion – obrach a-rèir Buidheann Cinnidheach (%)

	2007	2009
Banglaideasach	12.5	13.2
Afraganach Dubh	10.2	11.9
Caribbean Dubh	10.0	13.0
Innseanach	5.2	7.8
Pacastanach	14.0	14.3
Geal	4.5	5.8

Tha nas lugha de dhaoine geala air tuarastal ìosal na tha de chinnidheach sam bith eile. Tha a choimhearsnachd Phacastanach air an àrdachadh as motha fhaicinn ann an cion-obrach eadar 2007 agus 2009.

Beachd Asif Khan

A' cleachdadh am fiosrachadh gu h-àrd **a-mhàin**, bheir seachad **aon** adhbhar **taic** a chur ri beachd Asif Khan, agus **aon** adhbhar a dhol **na aghaidh**.

(Sgilean Rannsachaidh, **4** comharra)

[Tionndaidh an duilleag

EARRANN 3—SMAOINEASACHD


CEIST 3

Freagair **AON** earrann a-mhàin: Earrann (A) Na SA air duilleagan *deich gu trì deug*

NO Earrann (B) Sìona air duilleagan *ceithir deug gu seachd deug*

(A) **Na SA**

(a) *Chan eil muinntir Ameireaga idir uile co-ionnan.*



Thoir seachad **dà** dhòigh anns nach eil muinntir Ameireaga idir co-ionnan.

Airson **aon** dhiubh seo, mìnich carson nach eil muinntir Ameirega idir uile co-ionnan.

Airson a' cheist seo a fhreagairt, faodaidh tu na dealbhan gu h-àrd a chleachdadh.

(Eòlas & Tuigse, **4** comharra)

CEIST 3 (A' LEANTAINN)

(b) Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1 agus 2 gu h-ìosal, agus freagair a' cheist a leanas.

STÒR 1


Eadar 2000 agus 2010, chunnaic muinntir Ameireaga an atharrachadh a bu mhotha ann an cion- obrach airson iomadach bliadhna. Ann an 2000, bha an àireamh aig 4·0%, agus ann an 2010, bha e aig 10·0%. Aon bhuil de chion-obrach 's e gun do chaill mòran Ameireaganaich an taighean air sàillibh nach robh airgead aca a phàigheadh air an son.

Ann an 2009, chuir Barack Obama ainm ris an “American Recovery and Reinvestment Act”. 'S e bha san achd seo, plana \$539 billean a chosg airson cuideachadh gus togail a thoirt dhan eaconomaidh. Tha an riaghaltas a' creidsinn gu bheil seo mar thà air cuideachadh gus piseach a thoirt air an eaconomaidh, ri linn 's gu bheil lùghdachadh air tighinn san àireamh de chompanaidhean a tha a' dùnadh.

STÒR 2

Cunntas-Beachd Mhuinntir Ameireaga

Ceist: A bheil na poileasaidhean aig Ceann – Suidhe Obama air eaconomaidh Ameireaga a dhèanamh nas fhèarr no nas miosa?



Air a ràdh le Pòl Douglas

- Tha an ceangal eadar a bhith as aonais obair agus a bhith a' call do thaigh uabhasach làidir.
- Tha a' mhòr-shluaigh ag aontachadh gu bheil Ceann-suidhe Obama a' dèanamh deagh obair leis an eaconomaidh.
- Tha beag-shluaigh den bheachd gu bheil Obama air an eaconomaidh a dhèanamh tòrr nas miosa.
- Chan eil an “American Recovery and Reinvestment Act” idir air an eaconomaidh a chuideachadh.

A' cleachdadh Stòran 1 agus 2 **a-mhàin**, sgrìobh **dà** rud a tha Pòl Douglas ag ràdh a **tha a' cur ris an fhìrinn**.

A' cleachdadh am fiosrachadh agus na Stòran, thoir seachad **aon** adhbhar a tha **gach** abairt a thagh thu **a' cur ris an fhìrinn**.

(Sgìlean Rannsachaidh, 4 comharra)

CEIST 3 (A) (A' LEANTAINN)

- (c) *Faodaidh muinntir Ameireaga na meadhanan a chleachdadh airson buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean Riaghaltas Ameireaga.*



Minich dà dhòigh anns an urrainn do mhuinntir Ameireaga na meadhanan a chleachdadh airson buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean Riaghaltas Ameireaga.

Nad fhreagairt, **feumaidh** tu eisimpleirean Ameireaganach a chleachdadh.

Airson a' cheist seo a fhreagairt, faodaidh tu na dealbhan gu h-àrd a chleachdadh.

(Eòlas & Tuigse, 4 comharra)


CEIST 3 (A) (A' LEANTAINN)

(d) Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1 agus 2 gu h-ìosal, agus freagair cheist a leanas.

STÒR 1

Staid	Cnìomhachas an Mion-chinneachail (%)		
	Innseachan	Dubh	Hispanic
Arizona	2·7	1·7	9·2
California	12·8	3·9	14·7
Florida	2·7	6·6	17·3
Georgia	4·0	13·2	2·7
New York	8·5	7·6	9·6
Oklahoma	1·6	2·6	1·9

STÒR 2



'S ann aig California a tha an àireamh sa cheud as àirde de ghnìomhachasan a bhuineas do dhaoine Hispaineach. 'S iad California agus Florida aig a bheil an aireamh sa cheud as lugha de dhaoine a tha a' fuireach ann am bochdainn.

Beachd Drew Laburn

A' cleachdadh Stòran 1 agus 2 gu h-àrd **a-mhàin**, thoir seachad **aon** adhbhar **taic a chur ris** na tha Drew Laburn ag ràdh agus **aon** adhbhar airson a **dhol na aghaidh**.


(Sgìlean Rannsachaidh, 4 comharra)

NIS THÈID GU CEIST 4 AIR DUILLEAG OCHD DEUG

CEIST 3 (A' LEANTAINN)

(B) Siona

(a) Chan eil muinntir Shìona idir uile co-ionnan.



品名	数量	单位	备注	金额
每月工资总额	2126.38			2126.38
个人失业保险				237.60
医疗保险				150.00
住房公积金				2000.00
小计扣除项目				2437.60
实发工资				1688.78

2009.00
2008.00
2007.00
2006.00

全国社会保险
个人账户
缴费利息
退休时支付

净工资
1619.30

月 日期 部门 职位 工资 姓名
9 2009/9/10 0705 0789 梁次



Thoir seachad **dà** dhòigh anns nach eil muinntir Shìona idir uile co-ionnan.

Airson **acon** dhiubh seo, mìnich *carson nach eil muinntir Shìona idir uile co-ionnan.*

Airson a' cheist seo a fhreagairt, faodaidh tu na dealbhan gu h-àrd a chleachdadh.

(Eòlas & Tuigse, 4 comharra)

CEIST 3 (B) (A' LEANNTAINN)

- (b) Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1 agus 2 gu h-ìosal, agus freagair na ceistean a leanas.


STÒR 1

Bhon a thàinig lùghdachadh ann an eaconomaidh an t-saoghail, tha mu 20 millean imreach bho sgìrean dùthchail air tilleadh gu an dachaighean. Chan eil obraichean ann-dhaibh tuilleadh anns na bailtean mòra air oir na dùthcha. Le bhi ag ràdh seo, chan e a-mhàin an luchd-obrach a rinn imreachds a tha a' strì airson obair fhaighinn. Ann an Sìona, tha 32% den an 6.11 millean a cheumnaich, fhathast gun obair. Tha Riaghaltas Shìona a-nis air gealltainn na 's urrainn dhaibh a dhèanamh airson fuasgladh fhaighinn air an trioblaid le gainnead obrach. Thaid an dùil \$585 bilean a chosg airson eaconomaidh na dùthcha a chuideachadh.

STÒR 2

Beachd Sluaigh Mhuinntir Shìona

Ceist: Dè cho riarichte sa tha thu le do theachd a-steach?



Air a ràdh le Amy Yip

- Tha Riaghaltas Shìona air gealltainn suim mhòr airgid a chosg airson piseach a thoirt air an eaconomaidh.
- Tha cuid bheag a rinn imreachd à sgìrean d'uthchsail air tilleadh dhachaigh chun an tuath airson beatha-cosnadh.
- Tha àireamh bheag sa cheud de Shìonaich uabhasach riarichte le an teachd a-steach.
- Chan eil a' mhòr-chuid de dhaoine a chaidh an ceasnachadh idir riarichte le an teachd a-steach.

A' cleachdadh Stòran 1 agus 2 gu h-àrd **a-mhàin**, sgrìobh dà rud a tha Amy Yip ag ràdh a **tha a' cur ris an fhìrinn**.

A' cleachdadh am fiosrachadh anns na Stòran, thoir seachad **aon** adhbhar a tha **gach** abairt a thagh thu **a' cuir ris an fhìrinn**.

(Sgìlean Rannsachaidh, 4 comharra)

QUESTION 3 (B) (CONTINUED)

(c)

Tha Sìonaich a nì càinneadh air an riaghaltas aca ann an cunnart iad fhèin fhaighinn ann an trioblaid.



Minich **dà** rud a dh'fhaodadh Riaghaltas Shìona a dhèanamh airson deiligeach leis an fheadhainn a tha a' càinneadh an riaghaltas.

Nad fhreagairt, **feumaidh** tu eisimpleirean Shìonach a chleachdadh.

Airson a' cheist seo a fhreagairt, faodadh tu na dealbhan gu h-àrd a chleachdadh.

(Eòlas & Tuigse, 4 comharra)

QUESTION 3 (B) (CONTINUED)


(d) Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1 agus 2 gu h-ìosal, agus freagair na ceistean a leanas.

STÒR 1

Taghadh de dh'fhiosrachadh mu sgìrean ann an Sìona

Sgìre	Luach malairt cèin (\$ billean)	Teachd a-steach gnàthach gach neach (Yuan)	Sgoilearan a' cur crìoch air foghlam àrd sgoil (%)
Gansu	1.33	12,000	25
Qinghai	0.26	17,000	23
Heilong	1.52	22,000	35
Zhejiang	6.68	42,000	93
Sichuan	1.0	15,000	32
Fujian	2.6	30,000	85

STÒR 2



'S ann an Gansu agus Sichuan a tha an àireamh sa cheud as àirde de dhaoine beò ann am bochdainn. 'S e an sgìre aig a bheil an ìre as àirde de mhalairt cèin aig a bheil an teachd a-steach gnàthach as àirde agus cuideachd an àireamh sa cheud as àirde de sgoilearan a' cur crìoch air foghlam àrd sgoile.

Beachd Jinqu Zou

A' cleachdadh Stòr 1 agus 2 gu h-àrd **a-mhàin**, bheir seachad aon adhbhar **taic a chur ri** beachd Jinqu Zou, agus **aon** adhbhar a **dhol na aghaidh**.


(Sgìlean Rannsachaidh, 4 comharra)

THÈID GU CEIST 4 AIR DUILLEAG OCHD DEUG

EARRANN 4—CÀIRDEAS EADAR- NÀISEANTA

CEIST 4

- (a) **Pròiseactan nan Dùthchannan Aonaichte a' cuideachadh cuid de Dhùthchannan Afraganach.**



Tagh a **dhà** de phròiseactan nan Dùthchann Aonaichte a th'air an sealltain gu h-àrd.

Minich mar 's urrainn do **gach dhe na pròiseactan a thagh thu cuideachadh** *gus feumalachdan cuid de dhaoine ann an Afraga a choileanadh.*

(Eòlas & Tuigse, 4 comharra)

QUESTION 4 (CONTINUED)

- (b) Thoir sùil mhionaideach air Stòran 1 agus 2 gu h-ìosal, agus, freagair na ceistean a leanas.

An Cogadh ann an Afghanistan (2009)

STÒR 1

BEACHD LYNSEY LEWIS

Nuair a chamdh am Feachd Cuideachaidh Tearainteachd Eadar-nàiseanta, (FCTE) le taic bho NATO, gu Afghanistan, b'e a' chiad iomairt a-muigh na h-Eorpa anns an robh NATO.

Bhon Dàmhar 2009, bha 67,700 saighdear bho 42 dhiofar dhùthchannan aig FCTE ann an Afghanistan. 'S iad na SA, le 32,000 saighdear, agus an RA, le 9000 saighdear, as motha a tha a' cur ris an iomairt a tha seo.

Tha NATO air sìth agus **SEASMHACHD** a thoirt do riaghaltas Afghanistan. Tha NATO cuideachd an sàs ann a bhi a' trèanadh Feachd Airm Nàiseanta Afghanistan.

Thathar an dòchas, ann an ùine nach bi fada, gun tig stad air taic airgid an Taliban, a tha a' tighinn bho mhalairt heroin. Tachhraidh seo nuair a gheibh an FCTE smachd air sgìrean far a bheil heroin mì-laghail air a chruthachadh.

STÒR 2

BEACHD KIRSTY GRAHAM

Tha an àireamh de shaighdearan an FCTE air a dhol am meud bho 5000 gu cha mhòr 68,000. Tha am Feachd Cuideachaidh Tearainteachd Eadar-nàiseanta seo a' comharrachadh a' chiad turas atha NATO air saighdearan cogaidh a chur taobh a-muigh na Roinn Eòrpa.

Ged a tha iomadh baill de NATO air uidheamachd a chur a-null airson taic, 's e glè bheag a tha air saighdearan a chur ann.

'S iad fhathast an RRA agus na SA an dà dhùthaich as motha a tha a' cuir saighdearan a-null. Tha cuid dhe na saighdearan seo a' trèanadh Feachd Airm Nàiseanta Afghanistan airson sabaid an aghaidh an Taliban. Gu ruige seo, cha deach aig NATO air stad a chur air a' chogadh sìobhalta a tha eadar an Taliban agus Riaghaltas Afghanistan.

Tha Stòran 1 agus 2 a' toirt seachad diofar bheachdan mu **fheachdan NATO ann an Afghanistan**.

Sgrìobh **dà** dhiofar eadar na beachdan seo.

Feumaidh tu, am fiosrachadh sna Stòran gu h-àrd a mhàin a chleachdadh.

(Sgìlean Rannsachaidh, **4** comharra)

[Tionndaidh an duilleag

CEIST 4 (A' LEANTAINN)



Tha thu a' rannsachadh a' chuspair a tha a' nochdadh sa bhogsa gu h-ìosal.

Cogadh ann an Afraga

Freagair ceistean (c), (d) agus (e) a leanas.

- (c) Mar phàirt dhen **Ìre Planaidh**, thoir seachad **dà amas** a tha freagarrach airson do chùis rannsachaidh.

(Sgilean Rannsachaidh, 2 chomharra)

Tha a' Bh-ph Watt, tidsear san sgoil agad, dìreach air tilleadh bho thuras san dùthaich Afragannach, Sudan. Tha thu a' taghadh agallamh a dhèanamh leatha airson do rannsachadh air "Cogadh ann an Afraga.



- (d) Thoir seachad dà bhuannachd a tha a' tighinn an cois agallamh mar dhòigh air fiosrachadh a lorg airson do rannsachadh.

(Sgilean Rannsachaidh, 2 chomharra)

An dèidh an agallamh leis a' Bh-ph Watt, tha i a' toirt dhut seòladh làrach-lìn.

Nuair a thig thu chun an làrach-lìn, tha thu a' faighinn an duilleag a tha a' nochdadh mu choinneimh.

CEIST 4 (A' LEANTAINN)

(e) Cleachd an duilleag bhon làrach-lìn airson a' cheist a leanas a fhreagairt.

Sùil air Afraga Cinn naidheachd agus sgeulachdan bho gach ceàrn dhen tìr-mhòr

STATISTICS na Seachdainn

	Somalia	Sierra Leone	Sudan	DR Congo
àireamh sluaigh	10 mìlean	6.5 mìlean	41 mìlean	69 mìlean
teachd a-steach gnàthach	\$600	\$700	\$2200	\$300
Fògarraich Cogaidh	1.1 mìlean	0.027 mìlean	5.6 mìlean	1.6 mìlean
dùil beatha	50 Bliadhna	41 Bliadhna	51 Bliadhna	48 Bliadhna

Cùisean na Seachdain
(Gliog air na ceangalaichean gu h-ìosal)

Foghlam ann an Angola
Aithisg air an iomairt shoirbheachail airson bun-sgoiltean ùra ann an Angola.

AIDS ann an Zimbabwe
Sùil air program foghlaim slàinte ann an Zimbabwe.

Clann-shaighdearan
An scaineal mun chlann asig nach eil roghainn ach a bhi nan saighdearan sa Chongo.

Fiosrachadh Ùr Post-Dealain
Clàr airson an fiosrachadh ùr mìosail again. Fiosrachadh suas chun a' mhionaiddo neach sam bith aig a bheil ùidh ann an Afraga.

- **Slàinte** — Trioblaid Flu a' bualadh Senegal
- **Poileataigs** — Gu sònraichte mun tadhadh
- **Naidheachdan** — Cogadh a' sgaoileadh sa Chongo
- **Spòrs** — Buannachd ann an Cupa na Cruinne
- **Cùisean** — Clann gun phàrantan ann an Malawi

Buannaich

Turas sgoinneil gu baile mòr na grèine!
Clog an seo
airson toirt air tachairt!!

Bheir seachad **dà** dhòigh anns am b'urrainn dhut an làrach-lìn seo a chleachdadh airson do chuideachadh leis an rannsachadh agad air “Cogadh ann an Afraga”.

Airson **gach** dòigh, minich carson 's e **deagh** dhòigh a bhiodh ann airson do chuideachadh leis an rannsachadh.

(Sgilean Rannsachaidh, 4 comharra)

[CRÌOCH NA PÀIPEIR CHEISTEAN]

ACKNOWLEDGEMENTS

General Level Question 3(A)(c)—New York Times name on back of photographer's jacket in drawing. Permission is being sought from The New York Times Company.

General Level Question 3(A)(c)—CNN logo on drawing of camera. Permission is being sought from CNN.

General Level Question 4(a)—United Nations logo on aeroplane in drawing. Permission is being sought from United Nations.

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]